

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Gàidheal – Bàrdachd

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,062. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 758 corresponds to Litir 1,062.

Mus fhàg mi duilleagan a’ phàipeir-naidheachd An Gàidheal, tha mi airson beagan bàrdachd às a’ phàipear a thoirt dhuibh. Tha an dàn seo uabhasach fada. Mar sin, cha toir mi ach beagan dheth dhuibh. Tha e mu dheidhinn an easa as motha, agus as drùidhtiche, ann an Ameireagaidh a Tuath – Eas Niagara. Seo mar a tha e a’ tòiseachadh:

*A Thì mhòir a chruthaich na Dùilean,
'S a shocraich an Cruinne,
Led ghàirdean cumhachdach, neartmhor,
Air a’ bhunait;
'S glòrmhor an obair a rinn thu,
Niagara ainmeil,
An t-Eas mòr a rinn thu chumadh,
Anns an t-seann aimsir*

Chan eil fhios a’ m am faca sibh fhèin eas mòr mòr mar Niagara, no Eas Bhictoria ann an Afraga, ach tha dà rud gu sònraichte iongantach mun deidhinn. 'S e a’ chiad rud an ceò a bhios ag èirigh asta, a tha coltach ri toit, agus cuideachd mar a thig braon ort nuair a tha thu ro fhaig. *Braon? Drizzle.* Facal feumail dha-rìribh ann an Alba!

*Nuair a shealladh tu fad air astar,
Air an iongnadh,
'S e **theireadh tu** gur bàta-toite
A bh’ ann le smùidrich;
Ach, nuair thigeadh tu am fagas dha
Ghabhail do bheachd air,
Trom-fhliuchadh an cathadh caoir-gheal
Le braonaibh dealt thu.*

Agus tha rud sònraichte eile mu easan mòra – 's e sin am fuaim a tha iad a’ dèanamh. Cluinnidh sibh am fuaim – beucaich an easa – air astar mòr bho na h-uisgeachan fhèin. Tha am bàrd, nach eil ainmichte, a’ sgrìobhadh seo:

*Cluinnidh tu thorman seachd mìle
Uaith air astar;
Mar thàirn’each **anns na speuraibh**
Ri beucaich neartmhor.
'S nuair bhiodh tu nad sheasamh làimh ris,
B’ amhlaidh thartar,
'S mìle carbad air cabhsair,*

Nan deann a' dol seachad.

Chan ann a-mhàin às Aimeireagaidh a Tuath no Alba a bha na naidheachdan is sgrìobhaidhean air duilleagan a' Ghàidheil. Bha sgrìobhadairean is leughadairean aca ann an Astràilia cuideachd. Ann an aon iris, tha litir bho chuideigin air a bheil 'D.B.' ann am MacArtair, sgìre a tha faisg air na Beanntan Gorma, siar air Sydney. Chaidh a sgrìobhadh air a' cheathramh latha deug de Chiad Mhìos an Fhoghair, ochd ceud deug, seachdad 's a h-aon (1871).

A bheil sibh a' tuigsinn 'Ciad Mhìos an Fhoghair' – *the first month of autumn*. An-diugh, canaidh sinn 'An Lùnastal' ris, ach b' e Ciad Mhìos an Fhoghair an seann riochd Gàidhlig air *August*.

Tha sgrìobhadair na litreach ag innse don luchd-leughaidh gun robh tòrr Ghàidheal ann an Astràilia. 'Chan eil baile as fhiach ainmeachadh nach eil comunn Gàidhealach stèidhichte ann,' tha e a' sgrìobhadh. Tha e cuideachd ag aithris gun robh 'connsachadh' ann eadar Gàidheil is Goill ann an Hamalton, ann am Bhictoria. Bha ministear dà-chànanach aca, a bhiodh a' searmonachadh ann an Gàidhlig agus Beurla. Chaochail e, agus thàinig ministear gun Ghàidhlig na àite.

Cha robh na Gàidheil toilichte mu dheidhinn sin, agus dh'fhàg iad an eaglais, airson tè aca fhèin a chur air dòigh anns am faodadh iad ministear ùr le Gàidhlig à Alba a bhith aca.

* * * * *

Faclan na Litreach: cumhachdach, neartmhor: *powerful and mighty*; am fagas dha: *close to it*; beucaich an easa: *the roaring of the waterfall*; na Beanntan Gorma: *the Blue Mountains*.

Abairtean na Litreach: Mus fhàg mi duilleagan a' phàipeir-naidheachd: *before I leave the pages of the newspaper*; mu dheidhinn an easa as motha, agus as drùidhtiche, ann an Ameireagaidh a Tuath: *about the biggest, and most impressive, waterfall in North America*; a Thì mhòir a chruthaich na Dùilean: *Great Being [God] that created the elements*; 's glòrmhor an obair a rinn thu: *glorious is the work you did*; an t-Eas mòr a rinn thu chumadh: *the great waterfall you shaped*; anns an t-seann aimsir: *in ancient times*; an ceò a bhios ag èirigh asta, a tha coltach ri toit: *the mist that rises from them, which is like smoke*; trom-fhliuchadh an cathadh caoir-gheal le braonaibh dealt thu: *the sparkling white spray would soak you with its fine drizzling rain*; cluinnidh tu thorman seachd mìle uaith air astar: *you can hear its rumble seven miles away*; b' amhlaidh thartar, 's mìle carbad air cabhsair, nan deann a' dol seachad: *its clatter is like that of a thousand vehicles rushing past [heard] on a pavement*; chan eil baile as fhiach ainmeachadh nach eil comunn Gàidhealach stèidhichte ann: *there's not a town worth naming where there's not a Gaelic society established*; na sheirbheiseach dileas ann an adhbhar an Tighearna: *a faithful servant in the service of the Lord*.

Puing-chànain na Litreach: *Mar thàirn'each anns na speuraibh: like thunder in the heavens. The inflection of speuran to speuraibh is a feature of the old dative plural in nouns (here following the preposition ann). By the 1870s it was already going out of fashion but would still be used in poetry, particularly as it was the form used in the Bible.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: 's e theireadh tu gur bàta-toite a bh' ann le smùidrich: *you'd say that it was a steam ship with its smoke rising.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA